

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk * This is Litir 318. Note that Roddy also broadcasts a simplified version – An Litir Bheag – on Monday evenings at 7.00 pm. This is also available on the BBC website. Litir Bheag 14 corresponds to Litir 318.*

Dè an t-òran Gàidhlig as fheàrr leibh? Am measg an fheadhainn as fheàrr leam fhìn, tha am fear ainmeil a bhuineas do linn nan Seumasach, *Mo Rùn Geal Òg*. Sin am fear a tha a’ tòiseachadh, “Och, a Theàrlaich Òig Stiùbhairt, ’s e do chùis [a] rinn mo lèireadh...”

Saoidh mi gu bheil an t-òran seo cho cumhachdach ri gin a chaidh a sgrìobhadh a-riamh a chuireas an aghaidh cogadh. ’S e òran-gaoil a th’ ann, oir tha am boireannach a sgrìobh e a’ moladh bòidhchead a cèile – agus mar a bhios i ga ionndrainn gu mòr oir tha e a-nise marbh. Tha i ag ràdh, “Bu tu ’m fear mòr bu mhath cumadh, od mhullach gud bhrògan, bha do shlios mar an eala, ’s blas na meal’ air do phògan.”

Ach ciamar a chuireas an t-òran an aghaidh cogadh? Uill, seo a’ chiad rann agus chùis sibh:

*Och a Theàrlaich Òig Stiùbhairt,
'S e do chùis rinn mo lèireadh,
Thug thu bhuam gach nì [a] bh' agam
Ann an cogadh nad adhbhar;
Cha chrodh is cha chaoraich
Tha mi [a'] caoidh ach mo chèile.
Ged a dh'fhàgte mi 'm aonar
Gun sìon san t-saoghal ach lèine,
Mo rùn geal òg.*

’S dòcha gur e an ceathramh loidhne as làidire a chuireas beachd a’ bhoireannaich an cèill. *Ann an cogadh nad adhbhar*. ’S ann airson Theàrlaich a bhathar a’ sabaid – chan ann airson math na coimhearsnachd no na daoine aca fhèin. Tha fhios gu robh mòran de mhnathan na Gàidhealtachd dhen beachd gu robh iad air a bhith na b’ fheàrr dheth mura robh Teàrlach Òg Stiùbhart air nochdadh a-riamh air cladach na h-Alba.

’S i Cairistiona Fhearghasdan, no NicFhearghais, a sgrìobh an t-òran. Bhuineadh i do Chunndainn ann an Siorrachd Rois. A rèir aithris, bha Cairistiona pòsta aig fear Uilleam Siosalach à Srath Ghlais. Is esan a bha a’ cumail bratach nan Siosalach aig Blàr Chùil Lodair. Eadhon nuair a bha arm nan Seumasach air an ratreut, lean na Siosalaich orra, a’ sabaid. Mu dheireadh

bha iad gan dìon fhèin ann an sabhal agus bha Uilleam aig an doras. Chum e a h-uile saighdear dearg aig an robh claidheamh a-mhàin air falbh. 'S e duine calma a bh' ann.

Ach fhuair buidheann de shaighdearan dearga air mullach an t-sabhail. Bha gunnaichean aca agus loisg iad air Uilleam. Fhuair e bàs mu dheireadh, le seachd peilearan ann.

A rèir beul-aithris, chruthaich Cairistìona an t-òran nuair a bha i a' leantainn ciste Uilleim aig a thiodhlacadh. Thathar ag ràdh gun do bhuail i ruitheam an òrain le a làmhnan air mullach na ciste. 'S dòcha nach eil sin fìor, agus tha ceistean ann fhathast mun òran. Mar eisimpleir, tha e annasach gur e an t-Eilean Sgitheanach an t-aon àite a th' air ainmeachadh ann, seach Srath Ghlais no Siorrachd Rois ...“ 'S iomadh bean a bha brònach, eadar Trondairnis is Slèite...”

Tha cuid ag ràdh gun do theich Cairistìona gu càirdean anns an Eilean Sgitheanach an dèidh Blàr Chùil Lodair, agus gur e sin as coireach. Chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach an e an fhìrinn ghlan a th' againn mu eachdraidh an òrain – ach faodaidh sin a ràdh gur e òran air leth a th' ann ris am bu chòir don a h-uile duine èisteachd mus beachdaich iad air an taic a thoirt do chogadh sam bith an là an-diugh.

* * * * *

Faclan na seachdaine: Cairistìona NicFhearghais: *Christina Fergusson*; Cunndainn: *Contin*; biodagan: *daggers*; ceàrdach: *smithy*; Siosalach: *Chisholm*; Srath Ghlais: *Strathglass*; ratreut: *retreat*; bratach: *flag*; dìon: *defend*; sabhal: *barn*; peilearan: *bullets*; tiodhlacadh: *funeral*; Blàr Chùil Lodair: *Battle of Culloden* .

Abairtean na seachdaine: dè an t-òran Gàidhlig as fheàrr leibh?: *what Gaelic song do you like best?*; a bhuineas do linn nan Seumasach: *which belongs to the time of the Jacobites*; Mo Rùn Geal Òg: *my fair young love*; 's e do chùis [a] rinn mo lèireadh: *it is your cause that distressed me*; cho cumhachdach ri gin: *as powerful as any*; a chuireas an aghaidh cogadh: *which opposes war*; bòidhchead a cèile: *her husband's beauty*; mar a bhios i ga ionndrainn gu mòr: *how she misses him greatly*; bu tu 'm fear mòr bu mhath cumadh: *you were the [a] big man of good shape*; od mhullach gud bhrògan: *from your top to your shoes (mullach might originally have been muineal, neck)*; bha do shlios mar an eala: *your side was like the swan*; 's blas na meal' air do phògan: *the taste of honey on your kisses*; thug thu bhuam gach nì [a] bh' agam: *you took from me everything I had*; ann an cogadh nad adhbhar: *in a war for your cause*; cha chrodh is cha chaoraich

[a] tha mi [a'] caoidh ach mo chèile: *it is not cattle and not sheep that I grieve but my husband (cha chrodh is an alternative to chan e crodh)*; gun sìon san t-saoghal ach lèine: *without anything in the world but a shirt*; a chuireas beachd X an cèill: *which expresses X's opinion*; mura robh X air nochdadh a-riamh: *if X had never appeared*; bha a h-athair na ghobha: *her father was a blacksmith*; aig an robh claidheamh a-mhàin: *who had only a sword*; gun do bhuail i ruitheam an òrain air mullach na ciste: *that she hit the rhythm of the song on*

the top of the coffin; 's iomadh bean a bha brònach, eadar Tròndairnis is Slèite: many a wife was sad, between Trotternish and Sleat.

Puing-chànain na seachdaine: *Ged a dh'fhàgte mi 'm aonar: literally this is "though I would be left on my own (nam aonar)". This may be a corruption of ged a dh'fhàgadh mi (though I was left). Both of these are passive forms of the verb fàg, fàgail. Another version of the song gives "on là a dh'fhàg e mi 'm aonar" in which the verb is active, rather than passive, and refers to her dead husband ("from the day he left me alone").*

Gnàths-cainnt na seachdaine: *Chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach an e an fhìrinn ghlan a th' againn: we can't be sure that it is the full truth we have. An fhìrinn ghlan: the complete truth.*

** Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig*